





62 yrs



LAOIDHEAN SP

LE

DANIE

Bought.

11. NOV. 1949

partly translations from

51-I 231

LAOIDHEAN SPIORADAHL.

GRADH CHRIOSD.

Nach soua 'n dream tha 'n lath' r na Moraclib?
 Anns an aros oirdheirc shuas ;
 Faicinn gnuis an. Ti is Glormhor,
 Snamh an solasan bith-bhuan.

Tha 'n t-oran binn, tha iad a seinн,
 O'n fhuair gu cinnteach iad a bhuaidh :
 Is e a bhrigh, toirt cliu gun chrich
 Do Righ na sith a chreach an uaigh.

'S an dream da-rireadh, tha na 'm fireait,
 Direach, dileas, iosal, stuam' ;
 Se suim an oran s' tha na sholas
 Dhoibh, 'sna cheol an tigh an cuairt.

An so le moran cradh is leonadh,
 'S tric iad brouach, 'n ait bhi seinn :
 Gidheadh tha iartus ac an coinbhuidh,
 Bhi toirt gloir do Dhia gach linn.

Tha 'n suilean tric a sileadh dheoir,
 'S an cridh leoint' sa chogadh chruaidh
 An deuchainnean sa 'n eagal mor
 A gleachd' ri feoil, ri Satan, 's uail.

Ach measg nan trioblaid' so gu leir,
 An gradh Mhic Dhe, ni 'n anam taimh,
 Le suil a chreideamh nuair is leir—
 An fhuil 'o chreuchdaibh taomadh mhain.

An so tha gradh gun cheann gun samhladh
 Nach gabh rannsachadh gu brath ;
 Oir siorruidheachd cha leor gu fheuchainn
 Fhad, a leud, a dhoimhne, 's aird.

Oir ma'n robh talamh ann na neamhan,
 Ma'n robh creutair ann, na tim ;
 Ghleidh an gradh so do na trailean
 Rathad tearnaidh ann 's gach linn.

'San latha dhorch sna chiontaich Adamh,
 Anns na bhasaich e gu truagh ;
 Se so an Gradh thug gealladh grasmhor—
 Dhadhethi Shlanuighear nam buadh.

Na h-iobhairt, samhlachan, is sgailean,
 Bh'air an aithneadh do na h-Iudh' ch ;
 Gu leir bha samhlachadh an T-Slanuighear,
 'S doimhn' a ghraidh nach d'teid air cul.

Is Dh'innis Faighean 'n iomadh aitean,
 Anns na laithean, tha o chian,
 Cia mar thigeadh beatha, slainnte,
 Triomh an T-Slanuighear, o Dia.

Bu mhор an solas, is an aoibhneas,
 Triomh an fhoillseach thugadh dhoibh ;
 Air māis an Righ, is gloir na Rioghachd,
 Bha gu steidheachadh air gradh.

Is tric rinn geatan Shion solas,
 Beachdach comhladh air an la ;

'San gabhadh Iosa ful is feoil,
Sa'm faicteadh moralachd a ghraidh.

Is uairean chualas Sion 'g urnuigh,
Gu mo chonadh, "thig m' Aon ghaoit;
Is bi mar elid, na mar fhiadh,—
Air beanntaibh briagh na'n spiosraibh caon."

Ach ruith an uine gus an d'thaina'—
T'am 'san eireadh Ghrein air daoin',
Sa'm baile Dhaibhidh, feuch an T-Ard Righ!
Air a bhreith 'san stapull fhaoin.

An so le ionghna' chi do shuilean,
Righ na'n dul na leanabh maoth!
Gun mheas, gun ailgheas, is gun fhardaich,
Nuair a thainig E do'n T-saogh'l.

A Bhéthelem 'n sin is leir dhuinn;
Gliocas neimh, is gradh bith-bhuan,
Iehobhah gabhail comhnuidh 'm feoil
A chum gu gloir gu readh' a shluagh.

Tha ainglean, neimh le h-aoibhneas binne;
A teachd a dh'inns' an naigheachd bhuan;
Deagh ghean do dhaoine tha iad seinn,
Is gloir do Dhia, is sith da shluagh.

Is faic na buachailllean le ionghna',
Teachd a dh'aoradh dha gun dail;
Is daoine glic a tuiteam sios,
A 'g aideach Ios, sa tabhairt Dha.

Is Dh' fhas e suas mar ailleann curadh;
Fallain, urair, ciuin, is seimh,
Ro iochdmhor, cairdeil, truasail, grasaíl,
Caomhail, slanachadh gach dream.

Ach fad a chuairt air feadh na fassaich,
 Chaidh a shàrachadh gu truagh ;
 Na dhuine bronach, cleachd' ri doruinn,
 Nios o dige; h-uin na h-uaigh.

Fa dheoigh tha 'n t-am air teachd chaidh ordach
 Chum na fiachan mor bhi paidht' ;
 Is eigin Dasan nis am paidheadh !
 Neo gu brath a shluagh bhi cait' !

Ach faic anis E anns a gharadh !
 'S Dia air fhagail ! aobhar broin,
 An cupan ud ga chuir na laimh,
 A chorp ga fliasgadh, 's anam leoint'.

Is faic E tuiteam air a ghlunnean,
 Righ nan dul se 'n t-iongnadh mor !
 S'e 'n cruaidh ghleachd anam ann an urnuigh,
 'S fhallas bruchda, 's crith air fhéoil.

Is faic a nis E s'e air allach,
 Seall a najrd ris air a chrann ;
 Tha 'n-sealladh uamhasach ro-ard—
 S'gu lá do bhais cha 'n fhaic thu shamh'l.

Is chi thu chorp an croch' air iarunn,
 'S fheoil gá spionadh o'ma cnaimh'-n ;
 Is lasair dhian do chorruich Dhia—
 Dol triomh mar iarunn ahn an amh'-nn.

Deich mile muillean uair na's dian,
 Tha corruich Dhia na Anam Naomh !
 Ga fhasg', ga fhasgainn, is ga phian',
 Oir fhuaire e siorr'-dheachd ann sa chup.

Chi thig' u aghaidh chaoimhneil, thruasail,
 Tional neul, is suadh a bhais;

A chridhe bualadli, 'theangaidh gluasad
"Athair thruasail maith e dhoibh."

Am b'iongantach ged chrith na sleibhteann,
Ged a reub na creagan cruidh;
Cha b'urra' Ghrian bhí toirt fiannis—
Air a ghniomh so rinu an sluagh.

Bha daoine 's deamh'nan air a thoir,
Ga lot, ga leonadh leis gach truaigh;
'S cha d'fhuair e fois ach gus na bhasaich,
'S chaidh a charamh anns an uaigh.

Ach mhill e 'm bas, is bhruth e Satan,
'S dh'eirich naird, le cumhachd mor;
Is chreach e 'n uaigh, is thug e buaidh,
Is chaidh e 'suas, na Righ na gloir.

An iongantach ged bhitheadh na h-ainglean
Beachdach doimhneachdaibh a ghraidh;
Ach O ! a rannsach leo cha 'n fhaodar,
'S gaol neo-chriochnaicht' e gun traigh.

Oir ged robh aghaidh Mhor an T-saoghail—
Uile sgaoilt' na chomhnard reidh,
'Se air a sgriobhadh, 's beag a dh'innseadh—
E da rireadh gaol Mhic Dhe.

TROCAIR DHE

Tha do chaoimhneas 's do throcair,
Ro mhór dhómh'a Dhe;
Gun a chum thu fathast béo
'S 'o dhóruinn mo ghleidh;

'S tric a' chiontaich 'o m' oige
 'N aghaidh morachd na neimh ;
 Leis mar thainig triomh Adamh .
 An fhaillüig 's gach meur.

Bu neach cait' mi thaobh nadur,
 Ro —— graineil gun dion ;
 Cionntach, truaillidh, m' fhior namhaid
 Do'n T-Slan'-ghear 's do Dhia ;
 'S dh' fhaodadh ceartais mo bhualadh,
 Gu truaighe gun chrioch ;
 Ann an aros ro-chraiteach ;
 A paidheadh na 'm fiach.

Ach ! O ! saibhreä� do-rannsuicht',
 Do-cheannsuicht' do Ghrais ;
 Ann an tionndadh san am ud,
 Le caoimhneas is gradh :
 Ann an trocair, 'o dhoruinn
 Manam bronach a chaon',
 'S thubhaint rium gu eudochas—
 Na toisich air claoñ'.

Se Iéhobhjah bheir leirsinn,
 Do'n chreutair, tha dall ;
 Sa bheir claisneachd do'n dream sin,
 Na' n eisdeachd bha mall ;
 Is e'dheonaich dhomh fein iad,
 Sa dh' fheuch dhomh a Ghradh,
 Sa'n Ti 'totadh, sa cheusadh,
 Sa dh'eirich na am.

Fhúair mi seoladh ro-fheumail,
 'S mi mar cheum do na bhas ;
 Thuirxt, "feuch nis Uan De" s'e—
 Air a cheusadh a t'ait ;

Creid gun phaidh Esan t'eric,
 Le eifeachd a bhais ;
 'S le aiseiridh gun reitich,
 Sligh reidh Dhuit tha'n sas.

Thoir umhlachd, is speis Da,
 Thoir geill Dha is gradh ;
 Thoir onoir, is cliu Dha,
 Fan dluth ris gach am :
 Fag t'anam, sa chuissean,
 'S t-uile churam na laimh ;
 Na treig E, 's lean a cheuman,
 'S gach deuchainn gu cheann.

An sin chunnaic mi Iosa,
 'S e striochda do 'n bhas ;
 E sgeudaicht' le sgarlaid,
 Chuir cradh air is nair ;
 Is crun malluichte craiteach,
 Ga charamh ma cheann ;
 Iad ga lotadh, ga bhuaireadh,
 'S ga bhualadh, gu teann.

Chunnaic mis E ga allach,
 A'm ait ris a chrann ;
 Is fhuil phriseil ga dortadh,
 E bronach is fann
 Corruich Dhia air ga taomadh,
 'S e na aonar ga h-ol ;
 Gus na phaidh E na fiachan,
 'S thug riarach gu leor.

Chunnaic m'anam mo Shlan'-ghear
 A basach fo leon ;
 'S e ag eiridh le ailleachd,
 Gu aros na Gloir ;

'S tha m' earbsa gun d' fhuair mi,
 Fois bhuan ann is treoir;
 Dion is fasgadh is slainnte,
 Is Dha's gu 'n robh Ghloir.

CUMHACHD DHE NA FHREASDAL.

Cia glormhor, aluinn iomlau Dia
 Tha lionadh talamh 's neamh gu leir;
 Tha Uile-chumhachdach an gniomh,
 Tha siorruidh beannaicht', glic is treun.

Se chruthaich, is a shocraich Neamh,
 Sna h-uile creutair naomh a thann;
 Sann Dasan tha iad tabhairt cliu,
 Toirt moladh, umhlachd, agus gradh.

Le focal treun a chumhachd mhór,
 Gu bith, 'o néo-ii, ghairm an saogh'l,
 A Ghrian, sa Ghealach, 's reultan mor,
 Thug reachidan, 's ordugh, dhaibh mar-aon.

Le chumhachd tha iad cummta suas,
 'S iad umhal Dha, o fhuair am bith;
 'S iad feuchainn dealradh mor deth Ghloir,
 'S deth mhais' ro-oirdheirc dhoibhs a chi.

Riomh achasan biodh 'n cruinne-ce,
 Air chrith gu leir mar dhullich craobh;
 A sgealbadh, sgoltadh, clisgeadh, leuin;
 Le uamhas reubadh air gach taobh.

Le guthan treun a thairn'ich mhór,
 'S le dealanach, feadh néoil a ruith;

Bithidh fuaim sna speurán ; mar gu biodh—
A chruitheachd liubhradainn a bith.

'N tra dli'aitheas E, grad dhorchaidh 'n speur,
Is falachidh Ghrein gu tur a gnuis ;
Na neoil a filleadh, tional gruaim,
'S e teirinn a nuas, ri barr nan stuc.

Le chumhachd duisgidh 'n doinion mhoir,
Is seididh ghaoith le anradh garbh ;
A spion na'n éráobh, a reub na'u sliabh,
A leagadh sios, toirt leis air falbh.

'N sin beucaidh 'n cuan, is crithidh 'm fonn,
Is eiridh thuinn, le atadh garbh ;
Le on-fha buiridh, leumaidh suas ;
'S iad goil le buaireas, fiadhaich, garg.

Se shuidheas fos air cuairt na'n neimh.

'S da shuilibh 's leir gach ni san T-Saogh'l ;
Se Mharcaicheas, air sgiath na gaoith,
'S na néoil sa ghaoith, fo chosaibh sgaoilt.

Se dh'fhosglas tobraichean na doimlin' ?
Is uinneagan na neimh maraon ;
Se thaomas uisg', 's clach-mheallan nuas,
Sa thogas suas am bogha braon.

Gach ni sa chruitheachd ullamh tha,
Feitheamh air aithn's a chuir an' gniomh ;
'A ghaoth, an tein', an t-uisg', a phlaigh,
An claidheamh, 'm, bas, a ghóirt, a ghriani.

Le uisg' dó bhathadh leis an saogh'l,
Is doinion thein' air Sodom thaom ;
A phlaigh-a sgrios nuair chunnt e 'n sluagh,
Sa Ghoirt thug buaidh gu tric air daoín.

Is thig an latha 's chi sinn e,
 Sa 'm bi na speuran teich' air falbh;
 San leagh na beanntaibh sios mar cheir,
 'S bidh 'n saogh'l gu leir na lasair dhearg.

Nach sonadh, beannaicht, tear'nt, an dream !
 A fhuair na'n eucairt, maitheanas
 Sa fhuair da n' anam dion, is sith,
 Fo sgail an Ti, tha cumhachdach.

Nach maith do'n dream a dh'aidich Criod,
 Sa leanas E gu fior ri 'm beo !
 Ni Es' an aideach, is an dion.
 An lathair Dhia, san latha mhor.

Nach truagh an dream a tha gun Dia,
 Gun fhois, gun dion, da n'anam leont' ?
 'S nach gabh iad comhairl, ann an tim,
 Is teich gù Ios, is mairsinn beo.

Se so an t'am, se *nis* an uair,
 Gu teichdeadh dh'ionnsuidh 'n Uan, o'n bhas;
 'S ge be a thig da ionnsuidh 'n trath's,
 Cha tilg e taireil e gu brath.

CRUAS CRIDHE.

San t-saoghal so tha eucailean,
 Is deuchainnean, gach uair ;
 Is ioma' ni g' ar sarachadh,
 Gu h-araidh 'n cridhe cruaidh.

Cia marbh is sgith, do nithibh Dhe,
 Gu peacadh O ! cia luath,
 'Taim g'osnaich fann fo eallach theann ;
 Droch cridhe aingidh cruaidh.

M'anam bha blath ciod uime a tha?

Carson air fas cho fuar?

Nuair chual thu'n eibh thug Ios ga cheus,
Sud Ghleus thu chridhe chruaidh

An tùs nuair chual thu naigheachd bhuan

Tha saoradh sluagh o thruaigh'

Chaidh fhuaim air feadh do bhuidhean stigh
Is leagh thu chridhe chruaidh.

Le creideamh faicinn Iosa striochd'

Do'n bhas, do phian, s do'n uaigh;

An glaodh! le'n d' thug e suas an deo,
Sud leon thu chridhe chruaidh.

Oh! nach do chum mi ann mo bheachd,

A Ghradh do pheacaich thruagh;

So bheireadh bas air uile naimh

Is blaths sa chridhe chruaidh.

O socraich Dhe mo shuilibh fein,

Air slan'-ghear treun, na 'm buadh;

Deagh bheachd air gloir na h-iobáirt mhor's,

Bheir deoir o'm' chridhe cruaidh,

'Nsin seinnidh m'anam ceol gu beinn,

Arson na riun mo Thriath;

Toirt cliu gu brath, do'n Ti, le gras,

Chuir blaths mo chridhe cruaidh.

Is tir na sith, nuair ruigeas mi,

Sa lubas sios na Lathair;

Am peac cha bhi rium tuille stri,

Na olcas cridh gu brath:

Is chi mi 'n t-Uan bha marbh san uaigh;

Sa dh'eirich suas le buaidh,

Gu siorruidh saor o pheac 's o shaoth' r,

'S o dhaors' a chridhe chruaidh.

Dhia ullaich mi air chionn an tím;
 San d'thig do charbad nuas;
 Thoirt m'anam leat as gach droch-bheart,
 'S'o pheac mo chridhe cruaidh.
 O cluinu' mo ghlaodh oir 's tu mo Righ;
 'S mo chuibhroim thu gu buan;
 O thoir air falbh an eallach shearbh
 An cridhe cealgach cruaidh.

SLAN LEIBH.

Ochon a chairdean sa luchd mo ghaoil,
 Tha dol ga'm fhagail san aits' do'n t-saoghal;
 'S tha nis an ordugh, is deis gu seoladh,
 Thar cuantaibh mor, agus moran chaol.

Sar bhuaidh gu brath leibh s'gach ait am bi,
 'S gu d'thoir an T-Ard Righ sibh tearuinnt tir;
 'S gu faigh sibh cairdean, a nochdas gradh dhuibh
 Is moran fabhor, gu am 'ur crich.

Mo bheannachd dhurachdach oirbh gach uair,
 Sa'n Ti is Naomh gu'n robh leibh gu buan;
 Oir se mo dhurachd, mo ghuidhe, 's m' urnuigh,
 Gu 'm bi sibh umhal do dh' Ios nam buadh.

Le creideamh beo deanaibh greim air Criod,
 Chum bhith na phorsan da'r n' an'm gu sior;
 Is bheir e tearuinnt sibh troimh an fhasaich,
 'S nuair thig am bas ni E sibhs a dhiön.

Na cuiribh dochas ann ni fo'n ghirein,
 'S na gabhaibh taimh; do bhur u' anam fein,
 Ach gus am b' sibh; fo dhion fuli phriseil;
 Fo dhion fuli phriseil, fuli fhior Mhac Dhie.

Oir dh' easbhuidh coir a bhi agaibh ann—
 San obair chriochnaicheadh air a chrann ;
 Cha'n eil sibh sabbhailt, 's ma thig am bas oirbh'
 Sann bhios sibh bait ann an truaigh' gun cheain.

An dean sibh tair air an T-Slan'-ghear chaomh ?
 A ghabh ar nadur, 's thainig do'n t-saogh'l ;
 Sa dh' fhulinn caineadh, is masladh graineil,
 Sa Thilgeadh taireil, le trailean dhaoin !

So'n Ti a riaraich aii ceartas geur,
 Is dh'ol E siorr'-eachd do chorruich Dhe,
 S' dh' fhulinn piantaibh, o'n t-slochd gun iochdair ;
 'S tha nis a riaghladh, gu h-ard air neamh,

A chairdean gradhach ris bithibh reidh,
 'S na deanaibh tair air, ach thugaibh geill,
 Is gheibh sibh gras uaith', is gheibh sibh fhabhar,
 Is geibh sibh pharras, is laithreachd Dhe.

O cuiribh cul ris na h-uile pheac,
 Is iarraighealadh o Dhia ua'm feart ;
 A chum 'ur treorach, san t'slighe Glormhor,
 Sa'm faigh sibh solas toirt geill da reachd.

Seadh iarraighealadh comhnadh an spiorad Naomh,
 A chum 'ur treorach gu ful an Aon ;
 A Ghlanas uaibhse, gach peac is truailleachd,
 'S Bheir dhachaidh suas sibh do'n aros naomh.

Ach feuch nach meall-sibh ar n' anam fein,
 'S nach d'thoir sibh call air is cradhan Geur ;
 Le bli cur dochas an cleachdañ 's ordraighean,
 An ait' bhi posda ri Criosa Dhe.

Slan leibh a chairdean tha n' dealach ann !
 Ach beagan laithean bheir iad gu ceann—

Gach bron is saruch tha ann sa'n phasaich,
Is gheibh na h'ailleagain' crùn ma'n ceann.

LAOIDH DO'N SPIORAD NAOMH.

O'auail bheo an Spiorad Naomh,
Thig, seid gu' caomh air m'anam tuagh;
Is soillsich m'inntinn, 's leagh ri chridh,
Le gradh do'n Ti thug mach a bhàiladh.

O Spiorad oirdheirc cluinn mo ghlaodh,
Air sgath an Righ a chreach an uath;
Na t'fheartaibh cumhachdach, is beo,
O Spiorad Ghormhor, thig a'nuas.

O thig mar sholus,—chum gu' m' feuch—
Dhonih fein mo neo-ni'achd, is mo thruaigh,
Is seol mi ann san t'slighe, Dhe,
Sa meal mi reite trid an Uan.

O thig mar theine, 's glan mo chridh',
Ou'h-ùile thruailleachd millteach th'ann;
Dean m'anam fàitneach tre an Ti,
Thug Fein na iobhairt air a chrann.

O thig mar dhruchd, le beannachd ur,
Ni'taiseach, urach, agus blaths,
Mar Hermon fasaidh m' anam ur,
'S gu'siorruidh cliuthaichidh do ghras.

O thig mar ghaoith, is cuir a'm fanc,
Air la na Cunguis fos mar rinn:
Mar sin air anam an dean sa'n am's,
'S gach baile, gleannu, is duthaich cheilidh.

O thig mar shaighead, bior an cridh—
 Tha goil le mi-run, olc, is fuath ;
 Is thoir gu geill do Righ na sìth,
 An dream tha clì, am measg gach sluagh.

O thig mar lasair, is ath-nuadhaich—
 An duin a fhuair bhi fada beo,
 Sa bhuanraich ann sna cleaclidaibh truagh,
 O ! teasraighe ma'n d'thoir suas aii deo.

O thig mar cùmhlachd, teasruig, dion,
 An dream tl òg an rian an t-saogh' l
 Air neo sanu ni iad dol gn dian,
 Sua slighean flara, peacach, claoen.

O thig a Spioraid ghlòrmhoir ard,
 Is dean dhuit ait an cridhe dhaoin,
 Thà fathast uaibhreach, borb a fas,
 'S tha cuir a bhais sà ghath gu faoin.

A Spiorad Naomh, O thig gun dail,
 Do shaoghal sàruicht, cailt' gabh truas,
 A chum an toirt a liontaibh bhais,
 A dh'ionnsuidh 'n T-Slanuighear thig nuas.

O Soillsich, beothaich, neàrtaich, dion,
 An dream ri Criosa leig an taic ;
 A chum gu gluais iad ma' ri Dia,
 S e t-solus Fhior, a reir a réachd.

AN CRIDHE BRUIT.

A CHEUD CHUID.

Tha mise bronach is tòrsach tinu,
 Aisson cho gòrach sa chàith mi 'n tim,

A chaidh a dheonach le Righ na gloir dliomh,
Gu ruig an la a'ns an d' fhuair mi sith.

Nis tha mi n' dochas gu faigh mi tir,
Tre chreideamh beo aon an Righ na sith ;
S' gu d' fhuair mi trocair air sgath mar dhoirt E—
Fhnil phriseil, ghlormhor, air Calbhari.

Ach 's aobhar bron dliomh is rugha' gruaidh,
An lathair Iehobhah sa 'n lathair a shluagh—
Gach comhairl dhuit mi 's gach la a mhuch mi,
An Spiorad Naomh ma san d' thug e buaidh.

A roghnach doruinn riomh shónas bhan,
Is abhrosnaich Satan mi iomadh uair—
Gu briseadh Sábaid, gu mionnan, caineadh,
Is peacaidh graineal, tha grannd' ri 'n luaidh.

Mo chridho aingish an aimhleas dealbh,
'S e lan do naimhdeas, do dh' fhuath, 's do cheilg,
A goil le buairibh, le morchuis, uabhar,
Och! 's mi an truaghan tha toiltinn feirg.

Cia minic eigh a chuir e mo chluais?
Cia tric a gheill mi dha O! mo thruaigh?
'S e ga mo threorach 's mo shuilean comhdúicht,
Gu furnais Thóphet tha domhain truagh.

Cia tric a mhuch mi a choguis fhior?
Cia tric a chiurr mi, sa lot mi Criod?
Cia tric a dh' eigh mi, 'sna neamhau g' eisdeachd
Le m' ghniomhra, ceus E, mor easbhuidh ciall.

Cia tric a champaich mi san tigh osd?
Cia tric a dhanns mi an tigh a cheoil?
'S mo choguis g' innseadh airson gach nj' ghnibh,
Gu 'n d' thengadh Dia mi gu peanas mòr.

Cia tric a leugh ini am Biobul fein?
 Is s' iomadh breug rinn mi 'n lathair Dhe—
 A gealltainn iméachd a reir na Firinn,
 'S gu deanainn sith ris, 's gu 'm biodh sinn reidh

Ach 's minic dhùibh ini ann sa cheums';
 'S do n' pheac bu mhiltich sann bheirinn geill;
 'S mi rádh le in' għluasad, thu iméachd uamsa,
 'S nach biodh tu t' uacħslara fuq ormsa fein.

O! doimhne trocair, is maitheas De
 A chum mi beo an deigh sud gu lejla
 Sa thug na throcair, dhomh sealladh glormhor,
 Do 'n Ti a dh' ordaicheadh leis mār fein.

O Manam gradhaich, is beannaich Criod,
 Is earb gu brath ris, cha d' fhailim tħamha;
 Thoir urram ard Dha, thoir caidreamh blath-dha
 Oir ann na fhabhair tha beatha shior.

AN DARA 'CULD

Ach O! is bronach an ni ri luaidh,
 Gu īm bheil ro-mhoran am meaġġ lan īn t'shieġħi;
 Tha fathast għorach, nach fħac an doru jidu,
 'S nach do għiabb qolos air Ios trām bnaqqi.
 Is thusa leughadair rannsueħi fein,
 Is thus tha 'g eisdeachd, thoir caine għen-hi;
 Am bheil thu 'g iméachd spa cleachda idh milteach
 A. Finn mi jiġi annis an robli ħalli fein
 Ma tha, itħalli m' Biobul, a ċu ipproġġ gejalgoz t' O
 Gu b'm-bieb l-han direacli fo chidher m'hix Dheo.

'S gu' m beil e 'm fearg riut, feadh' ni thu dearmad,
Air Ios' a dhearbhadh le amhgair geur.

Is tha e 'g innseadh am briathraibh geur,
Nach teid gu siorruidh a h-aon do neamh—
Nach bi air iompach, 's nach ceus'an seann duin,
'S nach gluais gu simplidh fo eagal De.

A nis an eiginn do d' choguis inns' ?
Nach eil thu fein air do bhreith a ris;
Ma 's eiginn, smuainich, ciod e an truaighe—
Da 'm beil thu buailteach feadh 's tha thu cli ?

An saoil thu chreutair nach bochd an ni ?
Ma 's ann theid t' fhaotainn sa bhuidheann chli ;
Saoil nach eil pian anns an lasair, Dhian ud,
Fo-thaumtibh siorruidh do chorruidh Dhe ?

Saoil nach eil doruinn a n' ifrinn fein ?
Saoil nach eil bron ann is sileadh dheur ?
Saoil nach eil fuaim agus gearan cruaidh ann ?
Ochon a shluagh tre an Uan bith'bh reidh.

Saoil nach bi solas, is sonas buan ?
Sann aig an aireamh thug gradh da 'n Uan ;
Nuair gheibh iad coir anns an aros Ghlormhor,
Sa'm beil Iehobhah na chomhnuidh shuas.

Nuair bhios iad snamh ann an cuan a ghaoil,
Sa seinn do t-Slanuighear rinn iad saor ;
Is Es' ga 'n treorach gu tobair bheo-uisg—
'S iad 'g amharc comhladh air gloir a ghuins.

Nuair bhios iad comhnuicht', is crun ma'n ceann,
Air straidean or-gluan, is pailm na'n laimh ;
O 's sona an sluagh iad, tha fois bith-bluijan ac
'S choidh cha 'n fliuaraich an gradhr sa 'n daithi.

'N dean gradh do Dhia na do t-anáam fein?)
 'N dean deidh air siochainnt, is sónas neamh?)
 'N dean eagal piantaibh, ná curam siorr'theachd—
 Do dhúsg gu iarruidh, ma 'n d' thig an t-eug?)

Ach ged nach eisd thu an la na slainnt,
 Ged robh thu treun, ann gniomh, sa 'n cainnt,
 Nuair chi do shuilean, am Breitheamh, tuiminn,
 Bithidh tus fo churam, air chrith, 's thu fann.

O tuig gur e nis do bhuanachd fein,
 Thu dh' fhaotaimh eolas air Criodá Dhe ;
 Nis seall gun dail ris, oir ann tha slainnte,
 'S cha dean'e tair ort, ge salach breun.

MISNEACH DO'N FHEAR-THURUS.

A luchd turuis tha 'g imeáchd :
 Dh'ionnsuidh tireachd Chanaan ;
 Biodh na mhisneach 's gach tim dhuibh ;
 Gur e Iosa an Slan'-ghear ;
 Gur e fasgadh o'n t' sid E,
 Bunait dileas nach failinn ;
 Didean dainghearr nach gluais e,
 Caisteal uasal ro ard e.

Iochdmhor, gradhach, is cairdeil,
 Truacant', baigheil, ro chaomh e ;
 Uasal, iriosal, grasmhíor,
 Macant', fabharach, caon e ;
 Cuireach, cumhachdach, grasail,
 Iomlan arduichte, naomh e,
 'N comhnaidh ullamh gu tearnadh,
 Choídh cha 'n fhailinn a ghairdean.

Coimhneil, teo-chridheach, truasail,
 Nuair bha chuairt ann sán t-saoghal,
 'S nis ge ard air dol-stías e
 Bheag cha d' fhuardaich a ghaol duibh ;
 H-uile deuchainn, is sàrach,
 H-uile cradhl, agus leonadh,
 Surrainn tachairt ri chairdean,
 Ni a Ghrasan an comhnadh.

Ged is truallidh ar nadur,
 Salach, graineil, is breoit i ;
 'N so tha tobár ro-àluinn—
 Ghlanas, shlainiuicheas, comhladh ;
 Ghlan iaireamh do-airéamh,
 Do na trailllean a b' fheolmhor ;
 'S thig da h-ionnsuidh mar tha thu
 'S gheibh thu slànach gu leor inat.

Tha moran doille nár n' imntinn,
 Es' gu cinnteach ní n' soillseach ;
 Mórán éruas, air ar cridhe,
 'S Es' an Leigh' ni iad aoibhneach ;
 Moran laigs, agus teagainh,
 'N so gun teagainh tha comilmadh ;
 Moran buairean is eagal,
 'N so tha teagascg, is seoladh.

Le moran curáman timéil
 'S tric 'ur cridh air an sàrach ;
 Ach tha fois 'o gach ní dhuibh—
 Anns an Ti so a bhasaich,
 Moran trioblaidean imntinn,
 So gu cinnteach a'm Fàidh,
 Ni ar teagascg, 's ar seoladh,
 Ni ar comhnadh, 's nach fag sibh.

Tha mi-chreideamh, 's an-earbsa,
 Tric ro-shearbh ga 'ur leonadh;
 'N so tha creideamh ga tairgse
 Sann gun airgiot 's gun or dhuibh;
 Uairean eag'lach gti m' failinn
 Aig a bhas sibh 'ur dochas;
 'N so tha cumhachd an Ard Righ
 Chum 'ur tearnadh 's ur glorach.

Ge falamh, feumanach, thusa
 'N so tha trusgan na bainnsei;
 Ni do lomnochd a chomhdach;
 'S ni thu solasach, aoibhneach;
 'S ged is innleáchdach Satan,
 Chum do sharach, 's do leonadh,
 'N so tha gaisgeach, se 'n T-Ard Righ,
 'S thug do Shatan ceann breoite.
 'N so tha trocair, is firinn,
 Ceartas, siochainnt, air comhlach;
 'N so tha tòbair do 'n fhior uisg,
 Ni 'n t-anam iotmhòr a shasach,
 'N so tha bainnis a phrionnsa,
 'S iad na h-aoidhean a chairdean,
 Fion, is bainne ro-fhial ac—
 Sa 'n Laogh biadht' chum an àrach.

Sann tha dion, agus dòchas,
 Solus, solas, is tear'nteachd;
 Gràdh, is creideamh, is eolas,
 Sonas, seoladh, is slànach;
 Sith, is fois, agus fabhar,
 Iochd, is blaths, agus comhnadh,
 Fasgadh, fàs, agus slàinnt,
 Anns an T-Slànuighean a comhlach,

Buanaich creidsinn na firinn,
 'S beachdaich direach air Iosa ;
 Taicich t-anam gu'dilinn—
 Ri fhireantachd shiorruidhsa ;
 Feuch nach cradh thu le d' ghiulan,
 Is nach much thu le d' bhriathran—
 'N Spiorad Naomh, ann na sheolan,
 Ann na threorach, 's na iartuis.
 Armachd ghlormhor an t-soluis,
 Cuir gu cothromach suas i ;
 'S bithidh i feumail gach la dhuit,
 Ach gu h-arraidh 'n am buairidh ;
 Thoir umhlachd do dh' aitheantan,
 An t-slánuighear a bhuadhaich,
 Thoir do chridhe 's do ghradh Dha,
 'S Gheibh thu pharras gu buan uaith.
 'S nuair gheibh seilbh ann am pharras,
 'S crun ro aluinn bhios soilsich ;
 Chi thu aghaidh do Shlan-ghear,
 'S t-anam snamh ann an aoibhneas ;
 Cha bhi trioblaid, na sarach,
 Cha bhi bàs ann na oidhche ;
 Gu siorruidh tuilidh toir gloir
 Do'n Tì thug coir dhuit na oighreachd.

GAIRM DO SHION.

Tha Ainglean naomh as aird 'am morachd,
 Tabhairt gloir is cliu dò'n Uan ;
 'S nach d' thoir iadsan rinn e shaoradh,
 Dhasan gaol is moladh buan ;
 Shion eirichi, umad t'eididh,
 Crath thu fein 'o dhus 's 'o luath.

Cluinn an toirm tha measg na 'n oighean
 Tha aig suipeir pòsaidh 'n Uan ;
 Tha 'n taobh thall do'n h-uile doruinn—
 Seinn an comhnaidh 'n oran nuadh.

'Shion eirich, umad t-eididh,
 Crath thu fein 'o dhus 's'q luath.

Faic an gairdeachas ro-araidh—
 Tha a ghiàth aig Ainglean Dè ;
 Le 'bhi faicinn Chriosd air àrdach
 Agus peacaich dhasan geill,

'Shion eirich, umad t-eididh,
 Ruith an reis, is gleidh an fheill.

An urrainn pobull Dhia bhi sàmhach ?
 Cliu'a Mhorachd gun bhi luaidh ;
 Nuair tha ghairdean mòr ga shineadh,
 'Spiorad 'g iompachadh an t-sluaigh.

'Shion eirich, umad t-eididh,
 Crath thu fein 'o dhus 's'o luath.

'S fada bha do gheatan brònach,
 'S beag a dhomhlaich iad do 'n t-sluaigh ;
 'S beag a dh' aidich ainm ro-oírdheirc
 'S lugh' a ghlorraig E, gu 'n uaigh.

'Shion eirich, umad t-eididh,
 Crath thu fein 'o dhus 's'o luath.

Faic le sòlas mar ìha 'n fhirinn—
 Nis, a direadh 's tighinn os 'naird ;
 Pairteach sonas, beath', is siochainnt—
 'Measg na 'n iochdarán 's na 'n ard.

'Shion eirich, umad t-eididh,
 Nochd thu fein air taobh a ghras.

Faic an dream a bha gun chùram—
 Air an dusg' le anail bheo ;

Air an aonadh ri 'm Fear-Saoraidh
 'S iad na 'n caorich nis na chro,
 'Shion eirich, umad t-eididh,
 Nochd thu fein a t-armait bheo.

Faic an dream a bha mi-chreideach,
 Cruaidh mar chreagan, allaidh, dān ;
 Air an lotadh, caoldh, a 'g osnaich,
 Chreid an Soisgeul 's fhuaire iad slainnt,
 'Shion eirich, umad t-eididh,
 Feuch nach geill thu fein do shannt.

Faic an dream a bhà gun eolas—
 Air an dòruinn na air Dia ;
 Air an soillseach, air an treorach,
 Nis a comhnaidh 'm baile dion.

 'Shion eirich, umad t-eididh,
 'S feuch gu 'n chrùn thu fein do Righ.

Faic an dream bha dall is góracli,
 Diomhain, féolmor bosdail, eili ;
 Air an gluasad, air an seoladh,
 Air am pos' ri Righ na 'n Righ,
 'Shion eirich, umad t-eididh,
 'S feuch gu 'n chrùn thu fein do Righ.

Faic an dream bha uaibhreach, speiseil,
 Naimhdeil, feineil, borb, is ard,
 Air an isleach, striochda, geilleadhl
 Dhas' à cheusadh ann nan ait.
 'Shion eirich, umad t-eididh,
 Seachain eucòir 's na bi ard.

Faic an chealgair air a rúsgadh,
 'S anam bruchdà mach le bron ;

Na lannan tuiteam bharr a shuilean,
 E ag urnuigh, 's Dia na choir,
 'Shion eirich, umad t-eididh,
 'S thoir gach geill do Chriosd is gloir.

Faic ain mionnitair ínór sam misgear,
 Choinnich tric an tigh an oil;
 Air an glac' an lion an t-Soisgeul,
 'S air an coisin mar bha Pol.

'Shion eirich, umad t-eididh,
 'S tabhair geill do Chriosd ri d' bheo.

Chi thu cuid a shleamhnaich chódail
 'N deigh dhoibh aideach ioma bliadh'n;
 Air an aisig dh'ionnsuidh slainnte,
 Deaneamh gairdeachas a Dia
 'Shion eirich, cùimhnich Demas,
 Seachainn fein na ceuman fiar.

Faic an dream a bhí ga 'n sarach,
 Lan do chrabhadh fuer, is sgleo;
 Air an rusgadh dheth na sgailean,
 'S iad le gras air tighinn beo,
 'Shion eirich, umad t-eididh.

Lean E fein; 's cha bhi sa cheo.

Faic an dream tha og ah laithean
 'N ait bhi sasachadh gach miann;
 Iad a geilleadh tra do 'n T-Slan' ghear,
 Air an Tearnadh; 's iad fo dhion.

'Shion eirich, umad t-eididh,
 'S fuirich fein sa bhaile dhion.

'S chi thn cuid a bha ga 'n sgriosadh
 Dha, na tri, a dh' fhichead bliadh'n,

Air an iompach, 's air an tionndadh ;
 Gu bhi gradhach, 's leantuinn Chriosd.

'Shion eirich, umad t-eididh,
 'S feuch gu 'n geill thu fein do dh' Ios.

Se pairt ro-bheag do dh' obair mhor—
 An Spiorad Naomha bha mi luaidh ;
 Ann bhi dusgadh, soillseach, treorach,
 Anaman gorach 'o gach truaigh,

'Shion eirich umad t-eididh
 'S gluais gach ceum na sheolan buan.

Shion eirich, seinnsa cliu dha,
 Is bi 'g urnuigh ris gach lo :
 Gu 'n d' thig fheartan nuas gu druidh teach—
 Thaiseach, dh' urach', 's thabhairt beo,
 'Shion eigh ris, sgāth na h-eiric,
 Greid gu 'n eisd E, 's gheibh thu treoir.

Na bi cadalach a t-inntinn,
 Na bi sgith dheth thigh'nn na lathair ;
 Feith aig ursannan a sheomar,
 'S beanneachd shonruicht' gheibh gach la,
 'Shion eirich, umad t-eididh,
 Soillsich, feuch dhuinn gloir a ghrais.

Nach d'-thoir thu gloir is cliu do Dhia ?
 Thug seachad Ios a chum a bhais ?
 Cheannaich t-anam, theasraig, dhion thu,
 Ceartas riaraich ann a t-ait,
 'Shion eirich, umad t-eididh,
 'S leau E fein gu la do bhais.

Cluinn e 'g osnaich, faic a lotan,
 'S e an crochadh air a chrann ;

Dia ga threigsinn, Es' ag eidheach !
 Creagan reubadh, air gach laimh,
 Shion eirich, coimhead geur ris,
 'S ni e feum dhuit anns gach am.

Beannaich, cliuthaich, lean gu dlu ris,
 Dha thoir umhlachd fhallain, fhior ;
 Cudthrom t-anam leig air iobairt,
 'S ni le fhireantachd do dhion.
 Shion eirich, umad t-eididh,
 'S na bi feineil na gun chiall.

Gach anam beo aig bheil lochran ;
 Dol an comhail bas, is uaigh ;
 Ac tha feum an cor a rannsach,
 Bunait meallt ! tha calldach truagh.

Shion rannsuich, oir aig amsan,
 Ni do rannsach Dia nan sluagh.

DEAGH DHURACHD.

A chairdean tha gradhach an Ard Righ gach uair,
 'S tha 'gimeachd na reachdan, mar dh' aithn e da
 shluagh,

Sith, gras, agus trocair, gu mòr dhuibh gu leir,
 Is laith'reachd an Ard Righ sgach ait leibh sgach ceum

Se m' urnuigh mar b' abhuist, gach sabaid, is luán,
 Gu 'm fas sibh an eolas air Moraichd an Uain ;
 Air iomlanachd iobairt, air fhireantachd bhuan,
 Air feartan fhuil phriseil bheir sith dhuibh gach uair.

S'esan Dia 'o shiorr'eachd, gu siorruitheachd fein,
 Neo-chriochnaichte glormhor, do-cheannsaichté treun
 Do-rannsaicht' am Morachd, an eolas, san gradh,
 Án gliocas, an naomhachd, sa'n caoinhalachd aigh.

'S esan a ghabh truas dhinn nuair 's fuath bh' againn da,

'S esan a thug gradh dhuinn, 's gu teann sinn an sas;

'S es' a ghabh ar nadur sa thanig do'n t-saogh'l,

Sa dh'fhuilinn iom'caineadh, is sarach 'o dhaoin?

'S esan chaidh a laithean, a ghnath deaneamh féum;

A slanach gach euslaint, is euail bu bhreun;

'S esan dh'fhuilig bron, agus doruinnean geur;

Chaidh bhuaireadh sa 'n fhasaich, ach failinn cha d'rinn,

S' es'n an Tobairt reitich chaidh cheus' air a chraunn,

Chaidh lotadh, sa réubadh, sa theuma', 's e fann;

S' es'n a ghiulan euceirt, is euail a chlann,

S' es'n a phaidh an eiric, 's thug reite dhoibh aon.

S' esan Righ uan dul a bha umhail gu bas,

S' esan luidh san uir, ach dhuisg air 'n treas la;

S' esan fos a dh' eirichí, le treun chaithream buaidh,

'S bhruthadh leis án namhaid, 's gu brath chreach e 'n uaigh.

S' es' an Ti ro-uasal chaidh suas air na nepil,

'S tha choidh' níos air ardach aig laimh dheis na gloir,

Féitheamh guis an t-am sa 'm bi naimhdean gu leir;

Na 'n stol chois fo shailtean sam bi chairdean air neamhlí.

S' esan tha na shith, is na Fhirin' da shluagh,

S' es' am baile dideann, sa 'm fireantachd bhían;

An slainnt' is an dochas, an solas; sa 'n duais,
An storas, sa 'n oran, sa 'n porsan, bith-bhuan.

S' esan tha na Fhaidhe ro-grasmhor dha shluagh,
Le Spiorad ni e 'n seoladh, sa 'n treorach gach uair,
S' esan am Fearsaoraidh thug gaol dhoibh tha buán;
'S nach fag iad san fhasaich, ach dh' pharras bheir
suas.

S' esan fos an reite, an eiric sa 'n dion,
An Slanuighear treuñ E, an sgeidh e sa 'n grian;
Am beatha 's an ceol e, an gloir e, an Dia,
'S nach math bhi dheth 'n aireamh, da 'n Slanuighear
Criod.

Sibhs' a ghabh' air eolas sna doighibh so fein,
Leanaibh e gu deonach, 's gu comhnárd 's gach ceum,
Beachdaichibh a ghuath air a ghradh saùn dhuiibh
fein,
Is neart gheibh ar 'n inntinn gu cinnteach da reir.

Is feuchainbh gu 'n gluais sibh gu stuaim a' measg
chaich,
'S ga nochd sibh gach uair, gur e 'n t-Uan fear ar
graidh;

Fanaibh dluth ri fhirinn, 'nur 'n inntinn 's 'nur
gnath,

Is bithidh agaibh solas; Nuair s' bron bhios aig each.

Cuiribh umaibh an armachd, tha dearbhta na thita,
Seasaibh daingeann dileas, sa 'n fhirinn gach là;
A ceusadh na feola, 's tigh'nn beo ann an gradh,
Sa tasgaidh ar storas sa Ghloir 's nach 'eil cradh.

Quidhainaidh mi 'n dan so le aon ni a radh,
Béim' iarrtuis a ghnath e, gu h-áraidh an trath's,

Gu 'n gleachd sibh le durachd an urnuigh ri Dia,
Airson 'ur carraig dileas, is simplidh an Ios.

CRIOSDUIGH.

'S tric m'inntinn fo thrioblaid', fo mhi ghean is cradh,
Le bhi faicinn luchd-aidich, a codal mar chach ;
Iad 'g' aideach na firinn, 's gun ni ac ach sgail—
Do chumachan diomhan, 's do Dhiadh'achd gun chail.

Cha dean aideach na firinn dhiot firean gu brath,
'S cha dean obair creutair, dhuit feum aig a bhlas ;
Ach g' innseadh tha 'm Biobul, an nì ni dhuit sta,
'S co 's Criosduidh da-riri 's gach tim is gach ait ?

Se bhi 'd Chriosduidh, gur eol dhuit Iehobhah e fein,
Abhluaidhean ro-glormhor uile cordadh gu reidh,
Sith, firinn, is trocair 's Naomhachd pogadh a cheil,
'S gradh gun samh'l a soillseach, na 's boillsgich na
ghrein.

Se bhi 'd Chriosduidh gur leir dhuit Ios' cheusadh na
am,
'Sga ghradhach, on riaraich ceartas Dhia air a chrann;
'S on phaidh e na fiachan, 's on 's Dia E, gach am ;
'S on chosainn tre phiantaibh, beath' shiorruidh da
chlann.

Se bhi 'd Chriosduigh bhi t'aon ris, an aonachd sa
brigh,
S gur Esan do Slanuighear, t'Shaghart, t'Fhaigh,
s' do Righ;

Do shlainnte, 's do dochas, t'fhois, t'oran, 's do shith,
 'S gur annsan tha comhlach', uile shòlas do chridhe.
 Se bhi 'd Chriosduigh bhi 'gimeachd gach tim ann
 an gradh;
 Do'n dream sin chaidh għluasad, 's ath-nuadhach le-
 gras;
 Bochd, beartach, 'ga 'm bi iad, lag, iosal, na ārd;
 Ma tha thu ad Chriosduigh, bheir cinnteach dhoibh
 gradh.
 Se bhi 'd Chriosduigh, gu 'n creid thu an teasgasg
 aig Criod,
 Gu 'n eisd thu ri Shoisgeul, 's ri fhocal tha fior,
 'S gu 'n d' thoir thu dha umhlachd le durachd is rian,
 'S gu 'n lean thu gu dluth ris le curam is ciall.
 Se bhi 'd Chriosduigh, gu 'n gluais thu gach uair ma'
 ri Dia,
 San Fhirinn gu 'n imich, gu direach 's gu dian;
 'S gu 'n fuathaich thu 'm peacadh, 's gu 'n seachainn
 thu bhiadh,
 'S gu 'n treig thu na cleachdan, tha pecakah ge briagh.
 Se bhi 'd Chriosduigh, gu 'n tog thu gu h-obunn an
 naird,
 'N crann-ceusaidh, 's gu 'n giulan, masladh, dium,
 agus tair;
 'S gu 'n lean thu 'm Fearsaoraiddh, an naomhachd sa
 'n gradh,
 'S na shireantachd shiorriudh, faigh 'nn dion 'o gach
 cradh.
 'N d' thus Chriosduigh do 'n seors' sin bha m'oran a
 luaidh?
 Chaidh shoillseach, sa sheoladh, sa threorach, 'o thru-
 aigh?

Rinn cordadh, is posadh, le solas ri Criod ;
 'S tha 'g iméachd gu comhnard, na órdúighean tha
 n fior.

Tha feum air a rannsach, gach am le cloinn daoin',
 Is siorr-eachd gun cheann, a tarruinn teanu air gach
 aon ;

Cnàin uamhasach doruinn, se 's porsan do 'u daoí ;
 Sa'n rioghachd na gloire, gheibh coir ann gach saoi.

Nach uamhaidh cho gorach, s' tha moran's gach ait,
 Nach creid iad Iehobhah, ge sonruicht' a ghradh ;
 'S iad togail an dochas, air sgleoan gun sta,
 'S dol seachad air Iosa, creag shiortuidh nan al.

'S ma-tha'mi da riri, am Chriosduigh le gras ;
 Lean each nithe diomhan, cha mhiannaich mi 'm pairt,
 Air neimh thá mo dhochas ri solas is fearr,
 Righ Joseph mo phorsau, 's mi chomhnaidh na-lath'.

COMH-FHURTACHD.

A shluagh a dhuisgeadh le cumhachd Dhe,
 Sa ghluighe dh'urnuigh, is ris an d'eisd ;
 'S tre chreideamh shlainntil, sa 'n Ti a bhasaich,
 Tha 'n duil-ri pharras nuair, thig an t-eug.

Ged robh sibh saruicht' le ioma' leon,
 Mar iads tha 'm pharras, nuair bha sa 'n fheoil ;
 Le buairean Shatan, tha cronail ladair,
 'S tha ciurrail, craiteach, do 'n chridhe leoint.

Ged robh lán saoghal a teicheadh uaibh,
 'S ur cairdean gaolach, a dol sa 'n uaigh,

'S sibh air ur fagail leibh fein san fhasaich,
Gun chuid, gun fhardaich, achi faladh suar.

Tha 'n t-olc a stri ruibh air ioma' doigh,
Air thi bhur eridh' thoirt 'o Righ na gloir;
Sa 'n fheoil a 'g iarruidh, bhi air a riarrach,
Sa h-anamiannan tha fathast beo.

Sa 'n lan do thrualeachd tha fo' ar cleochd,
Sa 'n inntinn uaibhreach, an cridhe reot;
Tha salach cealgach, is uairean feargach,
Tha so gu dearbh dhuinn na aobhar bron,

Tha e da riri na chogadh mor,
Bhi 'n comhnaidh stri sann ri-fuil, is feoil;
Ach sann do 'n ti sin bheir buaidh, tha 'm Biobull—
A gealltaiun firinneach, crunn na gloir.

Ged tha sibh 'saraicht' mar so san t-saogh'l,
Tha 'n caraid ladair, da 'n d' thag sibh gaol;
'S tha chridhe blath, agus iochdinhor, cairdeil,
Is tha e pairteachadh gras gu saor.

Ged tha sibh feumánach, lag, is truagh,
Se Ios a cheusadh, sa luidh san uaigh;
Ach se a dh' eirich, 's thia cumhaechd Dhe aigis;
Sa mheud sa 's treud dha, bheir iadsan buaidh.

Se so án Ti chosainn sith da shluagli,
Le fhuil ro-phriseil a thoirt na 'n luach;
'S le iads' bhi dileas dha 'fì cois na firinn,
Bheir Easan tir iad an sonas buan.

O'n s'Easan 's dideann, sa 's tearmunn ann,
O bithibh dileás dha anis gach am';
Is leamaibh gluthi ris, is bith'dh ar suil ris;
'S ní easan iul dhuibh nuair bhios sibh faqn,

Is gliocas iarraighe 'o Dhia 's gach am,
 Oir 's toil leis riarrach a thoirt da chlann ;
 So comhairle fheumail an Abstoir 'Sheumais,
 'S nach gabh sinn fein i dol tre na ghleann.

Ran̄nsaichibh curamach focal De,
 Is bithibh 'g urnuigh le durachid gheur,
 Airson gach ni gheibh sibh sgriobht san fhiriún,
 A fhuair na fireana chum àm feum.

Is leanaibh ceuman an dream thug buaidh,
 Is armachd Dhe curibh oirbh gach uair,
 'S nuair theid bhur feuchainn, le ioma' deuchainn,
 Ni 'm bas gach euail a ghlanadh uaibh.

Ach feuch nach geill sibh, 's nach d' thoir sibh speis,
 Do 'n pluinséan gheur sin rinn Ios' a cheus',
 Ach thugaibh fuath dha, 's na leigibh buaidh leis,
 Is teichibh uaithe le crith is oillt.

Nis tha mi 'n dochas a chairdean gaoil,
 Gu 'n iar sibh seoladh an Spiorad Naomh ;
 Gu 'n lean sibh 'n Slan-ghear, 's gu 'n d' thoir sibh
 gradh dha,
 Dh' aindeoin gach sarach thig oirbh sa 'n t-saogh'l.

'S tha 'n la a dluthach' sa teachid gu luath,
 Sa'm faigh sinn saorsa o'n chridhe chruaidh ;
 Sa'm faic sinn gloir, agus mais' Iehobhah,
 Sa 'm bi sinn comhladh a seinn do 'n Uan.

BAS CRIOSDUIDH OG.

Mo chridh' is 'm fheoil tha failinn,
 'S mi 'n laimh an teachdair fhuar;

Mo neart 's mo threoir ga 'm fhagail,
 'S mi teannadh sios do 'n uaigh;
 Mo chaomh luchd-gaoil, 's mo chairdean,
 Ga 'm fhagail aig a bhruach,
 Ach 's iochdmhor caomh mo Shlan-ghear,
 Le gras thug dhomh a bhuaidh.

Tha m' fhuil 'o m' chuislibh fuarach,
 Mar fhuachd an latha reot';
 A taineach, lagach, gluasad,
 Ma 'n cuairt sa chopan oir.
 Cha 'n fhada gus nach gluais i.
 Sa 'n d' thoir mi suas an deo;
 Ach iochdmhor caomh mo Shlan-ghear,
 'S tha ghras dhomh ur gach lo.

Mo chlaisdeachd tha ga 'm fhagail,
 Is m' anail gearr gu leor;
 Mo luth a teicheadh dluth uam,
 'S mò shuilean tional sgoll,
 Gach buaidh am chorp tha failinn
 Sa' m bas a teachd ain choir;
 Ach 's iochdmhor caomh mo Slan-ghear,
 Tha tearnadh m' anam beo.

Cha duilich leam bhi failinn,
 Sa fagail gleann na 'n deoir;
 'S cha 'n eagal leam am bas nis,
 Oir tha mo Shlan-ghear, beo,
 Cha n' fhaodair leis mo chiurradh,
 On chiurr e easan 'm ait',
 'S nach iochdmhor caomh and Ti so—?
 Rinn teachdair' sith do 'n bhas.

Thoill mi airson m' eas-umhlachd—
 Bhi duint' am peanás mor;

Mo chainnt mo ghniomh's mo gbjulan,
 Bha toilltim dium is bron ;
 Ach ghiulan Criod gu chule,
 Sa' chupan riinn e ol ;
 'S nach iochdmhor caomh mo Shlau-ghear ?
 A shlanaich m' anam leoint'.

S'o n' rinn e m' anam shlapach,
 Sann Dhasan bheir mi ghoir;
 Cha b'airidh mi air fhabhar,
 Se ghras a thug mi beo ;
 Is chum e snas air laimh mi,
 Neo dh' fhailnichinn gach lo ;
 'S Nach iochdmhor caomh 'm Fearsaoraidh ?
 Thug gaol dhomh 's mi gun treoir.

Nis slan le truailleachd nadur,
 A sharaich mi sa leon ;
 Le smuaintean olc is graineil,
 Le trioblaid, cradh, is bron ;
 Slan le innsean thalamhaidh,
 'S le chridhe cealgach reot' ;
 Oir Ios mo chaomh Fhearsaoraidh
 Thug saorsa dhomh is treoir.

Slan le uabhar is faramad,
 Le cealgaireachd, is stri ;
 Le feinealachd, is mor-chuis,
 'S tric bronagh rjnn mo chri' ;
 Nis slan le tinn, is euslaingt',
 Is eucailean na tir ;
 Oir Ios mo chaomh Fhearsaoraidh
 Thug saorsa dhomh, is sith.

Nis slan le gleann na'n deoir so ;
 'S gach solas faoin a th'ann,

Is slan le biadh, is aodach,
 Cha 'n iarr mi aon diubh thall.
 Is slan le corp à bhaist so,
 Gach la a bha ga 'm-chradh,
 Is gloir gu brath do'n t-Slan-gheár,
 Nach d' fhailinn dhomh a gradh.

Nis slan le cairdean' gaólach,
 Tha tamh an saogh'l na 'n deoir;
 Le peathraichean, is braithreana,
 Is parantan, tha beo ;
 Bu chaoineil, iochdmhor, i cairfleil,
 Bu gradhach bha sibh dhomhs;
 Ach 's fearr, dhomh nis mo Slan-gheár,
 'S gur e amhain m' flear posd.

Ged tha mi ga bhur fagail,
 Na bithibh craítéach; leoint.
 Na deanaibh gul, na caolinádh,
 Na gearan, caoidh, na bron; oir's sonadh la mo bhais dhomhs,
 Na la a bha sa 'n t-saogh'l;
 Mi tarruinn dh'iomuisuidh, pharras;
 Gu uchd mo Slan-gheár gaolleadh.

Is cha bhi tinn na éucaill,
 Na bron na euslaint' ann;
 Is cha bhi peac'; na buaireadh,
 Na truailleachd nì mi fainn;
 Cha bhi ann' pian na doruinn,
 Na cradh, na goirt, na plaigni;
 Ach láth'reachd Dhia gu siorruidh,
 Is cuan neo-chrioch'naicht' graidh.

Tha sraidean soillear oir ann—
 Is neomhnuidean ro-bhriagh;

Tha tobar dh' uisge beo ann
 'S cha deubhaich i re ial ;
 'S tha craobh na beath 'a giulan,
 Gach uine toradh fior ;
 'S nach iochdmhor caomh mo Slan-ghear ?
 Bheir pharras dhomh gu sior.

Tha Enoch, Noah, 's Abrah'm,
 'S na Faidhean ann gu leir,
 'S na h-uile neach a bhasaich.
 An taic ri slainnte Dhe ;
 Toirt cliu do 'n Ti a bhasaich
 A dheanamh suas na reit',
 Se so 'm Fearsaoraidh treun ud
 Thug fhuil am eiric fein.

Is Esan fos is oirdheirc,
 Sa 's glormhor ann an neimh,
 Neo-chriochnaicht' ard am morachd,
 Sa 'n gloir thar Ainglean Dhe,
 Se teampull aluinn pharras,
 Se solus fhlaitheanas E,
 Se bith, is beath', is solas,
 Gach creutair beo th'air neamh.

Sann nis a bheir mi gloir dha,
 Gun pheac', gun blron, gun sgios,
 'S ann nis a bheir mi gaol dha,
 'S cha traoigh e dha gu sior !
 'S ann da a bheir mi umhlachd
 Se chrunas mi gu briagh,
 Nach iochdmhor caomh mo Shlan-ghear ?
 Bheir pharras dhomh gu sior.

AIR SGAOILEADH A BHIÓBUILL.

'Bhiobuill naomh, a leabhair Neamhaidh,
Sa 'm bheil seudan maireann beo ;
H-uile earrainn labhairt, 'g eigheach—
Ris gach creutair sa 'm bheil deo,

Chum bhi tearuinnt', &c.

Dh' ionnsuidh 'n t-Slan-ghear tha ga 'n seol'.

Ann na ghathán Neamhaidh soillseach,

Tha sinn faicinn caoimhneas De ;

Trocair, Ceartas, Sith, a comhlach,

'S iad a pogadh aon a cheil,

Agus Slainnte, &c.

Soillseach ann Sa 'n t-Slan-ghear fein,

'N so le solas faotuinn eolas,

Cionnus chomhúáich Ios san fhéoil;

Ged a b' Easan Dia na gloire,

Cionnus dh' fhuilinn pian, is brón,

.A chum tre bhas, &c.

Gu faigheadh slainnt' ar n' anaman leoint.

Cheannaich Es' an t-saorsa chosdail,

'S trocair chosainn' e da Shluagh ;

'S rinn Iehobhah Easan ardach—

Chionn gun phaidh e n' uile luach,

'S thig gach duthaich, &c.

Agus umhlachd bheir do 'n Uán.

Cluinn le aoibhneas guth na slainnte,

Sgaoileadh 'n drasd 'o thir gu tir ;

Cha n' fhad' a bheir na Cinnich gaol,

Do Dh' iodhail fhaoin, gun bhith, gun bhrigh,

Ach dh' do Iosa, &c..

Striochdaidh sios is bheir an Crídh.

Dhaione seolaibh fos an fhirinn,
 Dh' ionsuidh Innsanaich tha dall ;
 Innsibh, dhoibh mu Ios' chaidh cheusadh,
 Innsibh dheuchainnean, sa chradh ;

Innsibh feuchaibh, &c.
 Lanachd eifeachd, 's gloir a graidh.

Seolaibh 'n sluagh 'o bhruach na h' aibhne,
 Sa 'm beil iad gach la ga 'm bath',
 Feuchaibh dhoibh nach glan 'o 'm peacan',
 H-uisgibh beartail iad gu brath.

'S nach dean ni e, &c.
 Ach fuil Iosa Mac a ghraidh.

Leis a Bhiobull a bhi sgaoileadh,
 Measg na 'n daoine fada thall,
 Gathan gloir a nis tha Soillseach,
 'N ait na h-oidhch' sa 'n robh iad cait'.
 Nis le aoibhneas.
 Gheibh iad coir sa 'n oighreachd phaidht'.

Is China fein bheir geill do dh' Ios'—
 Sa Righ fiadhaich 'n uine ghearr,
 Dhaoine taghta Dhasan striochdaidh,
 'S gheibh iad trocair fhial is gras ;
 'S ann san eaglais
 Gheibh gun teageamh iadsan ait'.

Cluinnidh aonaraich Arabia—
 Guth an t-Slanuighear 's thig beo,
 Innsidh ghloir do Shluagh Chafraria,
 'S ni iad gairdeachas gu leoир,
 Mooraich 's Arabaich, &c.
 Bheir iad Dhasan cliu is gloir.

Is sibhs' tha chomhnaidh 'n aros reot—
 Feadh bheanntaibh mòr an t-sneachdaidh bhuan,
 Far an seid a ghaoth, sa 'n eirich—
 Touna beucach treun a chuan,
 Sibhse slainnte, &c.
 Geibh gu grasmhor trid an Uan.

Cluinn America le solas,
 Seinii an oran fad an tir,
 Inns-nich geillidh fos do dh' Iosa,
 'S aoraidh iad do Righ na sith,
 Cogadh 's reubainn, &c.
 Dhoibh cha geill iad tuilidh choidh.

'S gearr nuair philleas treubhan Israel !
 Dh'aideach Chriosda mar an Righ ;
 Dh' amharc airsan lot sa cheus iad,
 'S bheir iad geill dha, 's ni iad caoidh,
 Iudhaich 's Cinnich, &c.
 Seinnidh slainnte Chriosc a choidh.

Gach sruth, is fueran canaidh cliu dha,
 Abhnaichean, is tir, is cuan ;
 Molaibh ainm a bheanntaibh, stuchduibh,
 Ghleanntaibh, Dhuthchaibh, togaibh 'm fuaim,
 Binn Hosanna, &c.
 Seinn' le Halleluiah bhuan.

Cluinn an t'oran binn a 'g atadh,
 Eorpa 's Africa le cheil ;
 Deaneamh aoibhneas, chionn gun shoillsich,
 'N ait na h-oidhch, an Soisgeul fein,
 Feadh an t-saoghail, &c.
 Bheirear gaol do Chriosda Dhe.

Briseadh fair' na maduinn ghloirmhor,
 Bha le solas sinn a luaidh ;
 Mar sholus boillsgeach, slainnt' a Soillseach,
 Nis le aoibhneas measg gach sluagh.

Halleluiah, &c.

Gloir, is cliu do 'n Ti thug buaidh.

IOMPACHADH.

'S mi 'n creutair tha leoint',
 Tha salach is breoit,
 Blia ceannairceach gorach baoth ;
 A rugadh sa pheac',
 Sa dh' imich 's gach cleachd,
 Bha taitneach am beachd na 'n daon.

Bhris 'n lagh anns gach ceum,
 Thoill mallachdan geur,
 Thoill corruiich an De tha mor ;
 'S mi 'm amadan breun,
 Neo-chiallach neo-gheur,
 Neo-thuigseach gun speis do 'n choir.

Lan iodhalan mor,
 Sa riarrach na feol,
 Sa miannachadh stor is cliu ;
 'S mi 'm beachd gu 'm bu mhor,
 Mo shonas ri 'm bheo,
 Ain pailteas deth sholais ur.

'S cha chreidinn an Sluagh,
 Bha teasgasg gach uair,

Gu 'n robh mi fo thruaigh an sas ;
 Mo chridhe cho chruaidh,
 'S nach b' eagal leam uair,
 Gu 'n d' thigeadh cho luath am bas.

Ach thainig le fuaim,
 Air m' anam le buaidh,
 Tairn'aich eagalach chruaidh Shinai ;
 Chuir sud mi gu gluas'd',
 'S mo chridh' air a luasg,
 'S b'e m' eagal mo thruaigh amhain.

'S mi faicinn sa 'n am,
 Gun pheacaich mi ann,
 Le briseadh gach ranu is aithn' ;
 'S bha choguis ga 'm theum',
 'S ga 'm lotadli gu geur,
 'S mo pheacan gu leir na 'n grain.

'S mi thoisich gu grad:
 Ri urnuighean fad,
 Is, obairchean crabhlach mor ;
 'S cha chreidinn nach b' fheaird,
 'S nach deanadh iad sta,
 'S nach cosnadh iad pharras dhomhs'.

Dh' fhas curamach stuam',
 An cainnt' is an gluas'd',
 'Sna cleachdan so fhuair mi sith ;
 'S mi saoilsiun gu treun,
 Le 'm dheanadas fein,
 Ga 'm faighinn gu reidh gu tir.

Ach solus o'n aird,
 Se dh' feuch dhomh am pairt,

An euail a bha am chridh ;
 Leag sud mi gu lar,
 'S bha rithist an sas,
 Tinn muladach craiteach sgith.

Thuirt 'n lagh rium gun truas,
 " Tha malluicht' gu buan,
 Mar d' thoir thu gach uair dhomh geill ;
 'S mar eil thu cho naomh,
 'S nach ciontaich thu 'n smaoin,
 Cha ghabh e do 'm thaobhs bhi reidh."

Bha dearbta gu leoir,—
 Dhomh nis air gach doigh,
 Nach deanainn do 'n choir gu brath ;
 Na chosnadadh dhomh gloir,
 'S mo pheakan cho mor,
 'S m' uil' oibrean nan sgleo gun sta.

Gun choir ann an Criosc,
 'S na fhireantachd shior,
 Dh' fheuch soilleir dhomh Dia gun dith ;
 Gu 'm bithinn gun sith,
 Gun sonas an tim,
 'S gu 'm bithinn gu siorruidh cli.

'S na 'm faighinn mi fein,
 A 'n ordugh 's gach ceum,
 Bhi toileach air geill do Chriosc ;
 Na 'm faighinn mo chridh,
 A thaiseach gach tim,
 Gu umhlachd do ni bha fior.

Thug oidhirpean cruaidh,
 Gach peacadh chuir uam,

Gach seachran droch smuain is run;
 Ach dh' fhas mi na 's truaigh',
 Na 's miosa 's na 's cruidh,
 Gun chomas gun bhuaidh gun iul.

Dh' fhalbh mhisneach sa 'n lugh,
 Dh' fhalbh gliocas is surd,
 Dhorch fradharc mo shul le bron;
 Aig naimhdean an sas,
 Mar cheum do na bhas,
 Gun fhurtachd gu 'n laimh ga 'm chomhn'.

Ieħobhah e fein,
 Bheir seoladh ni feum,
 Bheir solus do 'n dream tha dall;
 Bheir eolas air fein,
 Ni 's glormhor fo 'n ghrein,
 Sa 's taitnaich do 'n chreutair chailt:

Thuirt rium ann san am,
 "Seall Riums' air a chraun;—
 Feuch mo lotan, mo chradh, 's mo bhas;
 Chum thusa bhi beo,
 Tha 'm fhuil air a dort,
 'N cup feirg rinn mi ol a' d'ait.

"Feuch, chriochnaich mi fein,
 An obair gu leir,
 Is chosainn mi reit' is slainnt',
 Iad so ni dhuit feum,
 Leig taic sann rium fein,
 'S bi umhail 's għażi céum do 'm aithn'.

"Feuch 's mise Mac Dhe,
 Faic m' obair gu leir.

Gabh nasgaidh e chreutair thruagli ;
 Mo ghradh tha dhuit fein,
 'S do chridh' thoir Dhomh, 's geill,
 Gabh fasgadh fo 'm sgeidh gach uair."

Fhuair saorsa san uair,
 Sa m' fac a mi 'n t-Uan,
 A tabhairt na buaidh e fein ;
 A basach am ait,
 Sa 'g eiridh an aird,
 Le cumhachd gu laimh dheas Dhe.

Dh' ath-nuadh'cheadh mo chridh—
 Gu gradh thoirt do 'n Ti,
 A chosainn dhomh sith 's mi truagh ;
 'S Tha m' earbsa gu 'm bi,
 Mo thaic ris gu crich,
 'S gu 'n d'thoir e mi tir le buaidh.

'S cha'n i m' obair fein,
 Rinn sta dhomh na feum,
 Saor Ghraes rinn dhiom creutair nuadh ;
 'S do 'n Ti sin tha beo,
 Biodh cliu mar is coir,
 Ard-onoir is gloir bith-bhuan.

TAISBÉAN.

Air dhomh bhí smuaineach, is mi an luaigneas,
 Air cor an t-sluaigneach sin thug suas an deo,
 Chaidh ghaírm an comháil, a Bhrithieainh mhór air,
 Nach robh iad eolach an tir na 'm beo ;

A dh' fhag an saoghal, ma'n robh iad gaolach,
 Ma n' thuig an t-aobhar airson thighinn ann,
 Gun eolas slainnteil, air Ios an Slan-ghear,
 Gun toil da aitheanta, gun ghradh da chlann.

Sá beachdach comhladh, air gradh Iehobhah
 A thug na throcair an t-saors' da shluagh ;
 Air dha an treorach le Spiorad glormhor,
 A chuir an dochas sa 'n Ti thug buaidh ;
 Da 'n d' thug E fhaicinn mor olc a pheacaidh,
 Is truaigh na 'n cleachdan bha ac o'n oig',
 Sa rinn an aicheadh, 's thug fuath tre ghras dhoibh,
 'S tha nis, 's gu brath, ann na fhabhar beo.

'S mar so a smuaineach, air leam gu 'n cuala—
 Mi Aingeal gluasad le fuaim bha mor,
 'S thanig e bhain agus sheas e laimh riùm,
 'S bha aig na laimh mar gu 'm b' choinnleir oir,
 Bha thrusgan boidheach, is aghaidh glormhor,
 A dealradh comhladh mar ghrian nan speur',
 Is thuig mi 'n tra sin gu 'm b' es' Michael,
 Tha seasamh 'm fabhar san lathair Dhe.

'S air leam gu 'n d' thanig 's gu 'n sheasamh laimh ris
 Neach uamhaidh graineil, 's bu dùbh a bhein ;
 'S a shuilean oillteil bha lassair soillseach
 Bha g' innis' gu 'm b' oighre e, air truaigh is pein ;
 Ris thuirt Michael, "Carson a tha thu ?"
 Air teachd do 'n aros ann sa 'm bheil sluagh ?
 Carson a dh' fhag thu an leabaidh chraiteach
 Sa 'm bi thu cnamhadh am piantan cruidh ?"

Se fhreagir Satan, "Tha mi mar 's gnath leam,
 Gu tric san ait so, sa' measg na 'n uaigh',
 Oir thà na miltean an so na 'n sineadh,
 A bhiòs gu cinnteach, gu siorruidh truagh ;

Oir 's ioma creutair; tha 'n so air sleuchda;
 Thug dhomhsa geill, 's rimu a reir mo thoil ;
 Ach dhoibhsan 's eigin gu siorruidh eibheach,
 Na 'n luidhe air eibhlean, sa 'm feoil a goil.

“ Bha mise sonruichte, sonadh, oirdheirc,
 Nuair bha mi chomhnuidh am fabhar Dhe ;
 'S nis air mo shonrach, gu luidhe 'n doruinn,
 Slan leis gach dochias gu brath dhomh fein ;
 Se ni bheir solas dhomh uis bhi seoladh,
 Gach sean, is og, n' aghaidh ordugh Dhe ;
 'S le ceilg is innleachdan, dalladh 'n inntinn —
 Air ciod tha sgriobht ann sa Bhiobull fein.

“ A bhan sa naird anns gach ait san tair mi,
 Air feadh na fasaich, a dh' oidhch sa lo,
 Is siorr-theachd feuchaidh, gur ioma creutair,
 Bhios mar mi fein, air na h-eibhlibh beo ;
 Oir ahn san ait so, tha a'am gu h-araidh,
 Ro-mhoran chairdean, 's luchd ceird ma 'n cuairt ;
 Da 'n cleachd bhi g'imeachd, reir beachd an inntinn,
 'S tha dhomhsa dileas, am bog, sa 'n cruaidh.

“ Tha cuid le mi-run, is fuath os 'n iosal,
 Do 'n dream da-riri, tha fireant' coir ;
 'S cuid'eile bhruiddhinneas mar gu bu Chriosduidh',
 'S gun aithnue fhior ac air briogh an stor ;
 'S tha cuid a 'g innseadh gu 'm beil iad fireant,
 Leis mar a dhirich iad beinn Shinai ;
 Cuid eil' le deuraibh, le urnuigh 's leubhadh,
 'S na 'n oibrribh fein tha iad cadal bhain.

“ Tha cuid cho sanntach se 'n iodhal ghradhach,
 An stor sa 'n airneis sann orr' tha 'n cainnt ;
 Ciod dh' ith's sa dh' olas se 'n curam sonruicht,
 Air uaill is mórchuis tha 'n deidh, sa 'n sannt ;

'S tha cuid a 'g imeachd an cleachdaibh millteach
 Am misg, am mi-bheus, san slighibh claon ;
 'S tha cuid a briathrach an aghaidh Diadhachd,
 Ag radh nach fiach i, 's ga cuir gu faoin.

" Tha cuid a chreutairean baileach eudmhior,
 Is baileach feumail, an tir na 'm beo ;
 Tha stuama beusach, tha seachann' eucoir,
 'S tha truasail deirceil ri neach fo leon ;
 Ach le mo sheoladh 's, leag iad an dochas,
 Air bonn neo-stolda an gniomh'ran fein ;
 'S chi iad an gorraicht nuair bhios iad moran—
 Do linnibh bronach a caoidh am pein.

" Tha cuid ri breugan is mionnan oillteil,
 Gun tuigs' gun cheill ac, sa 'n speis san olc ;
 'S tha cuid gu bruideil ri cluiche sugradh,
 Sa their gu bosdail nach eil ann lochid ;
 'S tha cuid gu taireil a bris' na h-aitlin' ud
 Tha 'g iarraidh 'n t-Sabaid a choimhid naomh ;
 'S tha cuid an dochas gu 'm faigh iad trocair
 On dh' ith, is dh' ol iad, aig bord an Uan.

" Le cuilbheart, sheolta, 'taim mealladh moran,
 'S mar sin ga 'n treorach gu doruinn gheur ;
 Le iad bhi 'n dochas le oibrabh sonruicht',
 Gu 'n dean iad comhnadh ri 'n slainhte fein ;
 Le 'n urnuigh, 'n leughadh, sa 'n seachnad eucoir,
 'S nam beachdaibh fein tha iad eudmhior coir ;
 So ged nach sabhail, tha 'n dochas ladair,
 Gu 'n dean e pairt, 's gu 'n dean Criodl an corr.

" Tha cuid an dochas an laithean 'n oige
 Gu 'm faigh iad trocair, nuair thig an aois ;
 'S cha neil iad smuaineach cho baileach dualach,
 'S tha 'm bas gach uair dhoibh is truaigh gun chrioch ;



Is dhall mi 'n leirsinn air chor's nach leir dhoibh
 Gu 'm beil gach creutair fo chorruich Dhia,
 Sa 'n nuair nach saoil iad ni 'm bas an sgaoileadh
 'S bith' gul. is caoineadh, san lassair dhian.

“ Le ceilg, is seoltachd, chosainn mi moran,
 Sa pheac gā 'n treorach, 's ga 'n seoladh cli,
 An coguis mhuch mi, is rithist dhuisg i,
 Chaill iad gach duil, 's chuir iad fein gu dithi ;
 Tha 'n dus neo-phriseil, na luidhe 'm prisan,
 Gu teachd a Bhreithreamh ann sa 'n la mhor,
 'S bheir Easan binu agus theid an diteadh,
 Sa 'n cuir gu siorruidh a dh' ionnsuidh bron.

Tha cuid da riri, do luchd an sgriobhaidh,
 Air fas cho min, ann na 'n teasgasg fuar ;
 Sa 'n teasgasg dileas a ruigeadh inntinn,
 Cha neil iad g' finnse, le cinnt do 'n t-sluagh ;
 'S mar so gu seolta 's air ioma doighean,
 'Tha m' obair mhor anns gach seors' do 'm shluagh,
 'S tha moran anaman, mar so ga 'n damana,
 'S cha neil iad ainmig a bhios an truaigh.”

Ach thuirt Michael, “ Chaill thus le t-ardan,
 An t-arios aghmhor san robh thu shuas,
 Is thug gu doruinn, is piantaibh mora,
 Thu fein, is moran do d' sheors' gu truaigh,
 Is tusa Satan, fear casaid bhraithrean,
 A dh' oidhch'sa la, ann an lathair Dhe ;
 'S nuair thilgeadh taireil thu, mach a pharras,
 Rinn sinne gairdeachias, 's ni gach re.

“ Oir se do runsa, do dheidh, 's do dhurachd,
 Na h-uile dhunadh sann ann an truaigh ;
 Is iomadh innleachd, is cuilbheirt inhillteach,
 Tha thus le mi-run, a sior chuir suas ;

Mar so gu gorach a meudach doruinn,
 Le peagan mor 'n aghaidh ordugh Dhe ;
 'S thu 'n comhnuidh feuchainn, a mheud sa threig
 thu,
 A lot, sa theumadh, a shlug, sa reub'.

“ Ach saun gu diomhan tha thusa miannach
 An dream tha diadhaidh, a tharruinn cli,
 Ni cumhachd siorruidh an Ti neo-chriochnaicht',
 An gleidh' sa 'n dion gus an d' thig iad tir ;
 An neach is bronaich, sa 's laig an dochas,
 Airson na dhoirteadh ful luachmhor Chriosd ;
 Ni cumhachd arduicht an Ti is Airde—
 An toirt gu pharras, do shonas sior.

“ Tha moran Ainglean gach la a campach
 Ma 'n dream tha gradhachadh Chriosd gach uair ;
 Gu 'n toirt gu tearuint', tre Ghleann na fasaich,
 'S gu naimhdean basmhor a chumail uath' ;
 'S ge ioma buaireadh tha dhoibhsan dualach,
 'S na h-uile truailleachd, tha fuaight' na 'm feoil ;
 Cha n' urrainn aon diubh an anam aomadh,
 O Ghradh 'n Fhir-shaoraidh, rinn fhuil a dhort.

“ 'S nuair thig an t-ordugh 'o Righ na gloire,
 Theid iad tre Iordan, is bheir iad buaidh ;
 Sa 'm feoil ged fhailinn, tha 'n dochas ladair,
 San Ti a bhasaich airson a shluaigh ;
 An tuil ged eirich, air chor's nach leir dhoibh,
 O bheachd an reusan, an d' thig iad tir ;
 Gidheadh tha dochas 'o chreideamh bheo ac—
 Gu 'm beil iad comhlachadh Dhia an sith.

“ Tha ciurp na 'n Crisoduidh sa 'n uaigh gu diblidh,
 Is fois, is sith ac, gun sgios, gun bhrón ;

'S cha 'n urr' an saoghal, 's na th'air a dhaoine,
 Am fois a chaochladh, na iads a leon ;
 'S nuair, thig an Slan-ghear, le gloir, is ailleachd,
 Cruinnichidh E chairdean 'o Dheas, 's 'o thuath ;
 'S le co-sheirm buadhach, is cridhe bualadh,
 Theid iadsan suas dh' ionnsuidh sonas buan.

" 'S nuair gheibh iad coir ann san aros Glormhor,
 Tha 'n lathair na Morachd, tha oirdheirc Naomh ;
 Chi iad Jéhobhah; 's e uile ghlorinhor,
 Is bithidh iad beo leis fad saogh'l nan saogh'l ;
 Gach brón, is deuchainn, gach leon, is eucoir,
 'S na h-uile euail a bha ga 'n cradh ;
 Nis uil' air di-chiumhn, 's iad snamh gu siorruidh,
 An gaol gun iochdar, gun oir, gun traigh.

" Sa 'n sin a Shatan theid thus, 's do chairdean,
 A chuir do 'n aros is truaighe th'ann,
 Is theid thu sios ann sa 'n t-slochd gun iochdar
 Sa choidh gu siorruidh cha ruig a cheanu."
 Nuair chual an Namhaid, na thuirt Michael,
 Théich e 'o lathair, air chrith, le gaoir ;
 'S dh' fhag mis an t-aros, 's nach robh mi sabhailt',
 'S Nuair thig am bas, tha mi 'n duil bhi saor.

AIR LANACHD A BHIODUILL.

Ai trocair thug thu dhomh a Dhe,
 Do bhriathraibh fein tha fallain fior ;
 Tha luachinhor, milis, glan, gun bhreug,
 'S tha sèoladh dream gu sonas siòr.

'S na h-uile bochdainn, gainn', is cradh,
 Tha t-fhocal dhomh mar bheantaibh oir ;

Tha lan, 's cuir tharris aig gach am,
 S' gu siorruidh cha d' thig ceann an stor.

Gach buaireadh, teageamh, 's eagal geur,
 Mar ifrinn fein rinn tric mo chlaidh;
 Ach sgapaidh t-fhocal iad gu leir,
 Mar sholus grein, na neart na gaoith.

Na saighdean teinnteach, loisgeach, dein';
 A thig 'o'n Namhaid bhreun ga 'm ruag;
 Tha t-fhocal dhomh na chlaidheamh geur,
 'S riomh teichidh bheist, is gabhaidh 'n tuaig.

'N sin feuchaidh 'n saoghal dhomh a ghloir,
 'S gach cuspair solais thann, is cliu,
 Ach faiceam ann ad t' fhocal stor,
 Na 's fearr gu mor, 's nach d' theid air chul.

'N sin feuchaidh anamiann' na feol',
 Mo thalla leo gu solais fhiar;
 Ach gheibh mi 'n t'fhocal cuirm gach lo,
 Do 'n aran bheo, 's do chomhnadh Dia.

'S thig meallachan fo chulaidh foill'
 Am ionnsuidh, 's feoraichidh gu min,
 An d' thoir mi fardaich dhoibh car oidhch',
 Na 'n gabh mi roinn, deth 'm bathair grinn.

'N sin labhraidh t' fhocal rium gun dail,
 Is their, "Na gradhaich slighibh cli;
 Is seachainn mealladh; 's ruith gu diant,
 A reir mo riansa, 's bi aig sith."

San am a bhuairear mi le peac,
 Ma tha air t' fhocal beachd mo chridh;
 Dhòmh bheir e neart, is lugh gu gleachd,
 Air chor'sigu 'n teich am feachd bha stri.

Is ged a chruaidhich, shalaich, thruaill,
 Am peac gach buaidh tha m'anam fein ;
 Ach glanaidh eifeachd fuil an Uan,
 Tha t' fhocal luaidh, mo pheac gu leir.

Mi-chreideamh, 's teageamh, bheil am chridh ?
 Se t' fhirinn 'n laimh do Spiorad Naomh ;
 A dhuisgeas gradh, bheir creideamh, 's sith,
 Bheir neart, is dideann, dhomh ro-chaomh.

Bheil agam cridhe clachaidh, cruaidh ?
 Ann t' fhocalsa tha buaidh gu leoir ;
 Gu leaghadh sios, sa cheangal suas,
 Sa shlanach 'o gach cruas ri m' bheo.

Bheil smuaintean diomhain, feineil, ard ?
 A 'g eiridh suas gu tric am uchd ;
 Se so an claidheamh ghearras sios,
 Gach silean diubh gu beul an t-sluichd.

Bheil gearan, connsach, cog', is stric ?
 Tighinn naird ann inntinn n' aghaidh Dhia ;
 Ni t' fhocal, is an t-slat gun dith,
 Mi glic bu-bhi le eagal striochd'.

A bhéil mo bhilean duint gu teann ?
 A 'm feud mi sealltuinn suas ri Dia ;
 Gu t'fhocal thig mi falamh, fann,
 Oir gheibh mi ainn, na géallan briagh.

Nuair theid air seachran mi sa 'n dorch,
 Sa chiontaicheas, 's gu falbh mo shith ;
 'N sin 'buailidh t' fhocal orm gu borb,
 Ach bheir e orm, gu 'n d' thig mi tir.

Taim gorach, ain-eolach, gun iul,
 Ach t' fhocals tha na shuil do 'n dall ;

Na lochrán soillear, lasadh, ciuin,
 'S ma theid a mhuchadh, 's mor an call.

Bheil curam, 's trioblaidean an t-saogh'l ?
 Air uairean claoidh, sa cradh mo chridh ;
 'N sin smuainichidh mi air do ghaol,
 Is gheibh mi faochadh mor, is sith.

Bheil teageamh tighinn am intinn fhiar ?
 Na chreid mi riamh, na 'n robh ceart ;
 Their t'fhocal, " creid a nis an Ios,
 Is ni E dion dhuit, is cul-taic."

Air uairean 's gann a bhios mi beo,
 Air bruach eu-dochas air mo chlaoidh ;
 Ach t'fhocal beothaichidh mo dhuil,
 Geibh neart as ur, is sguiridh caoidh.

Bheil m' anam tioram, falamh, fann ?
 Is teas an t-shamhraidh air gach buaidh ;
 Tha t'fhocal mar na frasan blath,
 Bheir iochd, is fas, ni tais an cruaidh.

Bheil m' anam bronach dubhach leoint' ?
 A dol sa 'n rod, ach baileach mall ;
 Do lorg, 's do bhata bheir dhomh treoir,
 Is bheir dhomh solasan nach gann.

Mar so ged robh mi ciocrach, fann,
 Is iotmhor, ann an gleann nan deoir ;
 As t' fhocal gheibh mi aran, 's fion,
 Is bainne fior-ghlan fallain beo.

Ged robh mi bochd, is taireil truagh,
 Gun tigh, gun chairdean, is gun stor ;
 As t' fhocal gheibh mi cuideach', slainnt',
 Is beairteas, cairdean, 's onoir mhor.

'S ged robh mi air mo leagadh bhain,

'S gun ni a lathair ach an deo;

Tha t' fhocal dhomh na thobar slainnt',

A thogas naird mi gu bhi beo.

Ma 's miann leam a bhi beo gu brath,

Se so an tobar aluinn, beo;

Sa mheud sa dh'olas glan mar tha—

An darâ bas, cha d' thig na 'n coir.

Thaobh naduir bha mi 'n ais-shith chruaidh,

Ri Dia na 'n sluagh! is mi fo fheirg;

'S le fhocal dh' iompaich m' anam truagh,

'S thug slainnt, is suaimhneas, dha nach teirig.

Mor bheannaithe gu 'n robh Dia gu brath,

Airson a ghrais, is fhocal naomh,

Airson an lanachd tha na shlainnt',

'S airson nach failinn E a choidh.

O m' anam cluithaich E gach am,

Is dha bi taingeil fad do reis;

Oir dheonaich solus dhuit 's thu dall;

'S bheir gras dhuit ann an am an fheum.

An leabhar, so gach earrainn, 's rann,

Toirt teagaisg aghmhor, fallain, fior;

'S gach focal tha ni 's fearr gu mor,

Na seudan oir, aig meud am fiach.

Tha neamh air fhóillseach ann is Gloir,

Sa 'n dachaidh sholasach gheibh Naoimh;

Tha Ios air fhaicin ann, gu mor—

Air ardach thar gach gloir a choidh'.

AM BAILE DIDEANN.

O! anaím luáchmhíor tha gun Chriosd,
 Air bruach na siorruitheachd guh dion;
 Nis cluinn mo sgeul, is tuig a bhrigh,
 Is tomhais e ri firinn Dhia,

Oir bhris thu lagh tha math, is naomh,
 Is rinn thu cláonadh 'o' na choir,
 Is rinu thu ceannairc 'n aghaidh Dhe,
 Se reubalt th'annad air an doighs'.

Do namhaid t-anam thug thu geill,
 'S do 'n chreutair thug thu 'n speis, sa ghloir—
 A bhuiteadh do na Chruithean fein,
 Is threig thu Es' an tobar bheo.

'S cha ne amhain gun d' rinn thu lochd,
 'S gun fhios agad gur olc a bh' ann;
 Ach 's minig rinn thu nithibh cli,
 'S do choguis g' iunse sin san am.

'S gach mallachd tha sa Bhiobull sgriobh,
 'S tu thoill da' rireadh iad gu sior;
 Gach doruin, peanas, cradh, is brou,
 Bhi choidh ga 'n dortadh ort le Dia.

Nis beachdaich, 's chi thu 'm focal De—
 An doigh 'sna bhuin E geur ri cach;
 Nach d' fhuair gach cothrom fhuair thu fein,
 Ach faic! le oillt mar tha an sas.

'S chi thu na tobraichean a reub',
 Is uinneagan na 'n neamh a taom';
 An tuil a bruchdad, goil a nuas,
 Sa sgaoil air uainhais air gach taobh;

Is chi thu 'n sluagh a bha gun Dia,
 'S iad nis gun dion! gun aite taimh;
 A ruith, a 'g eibheach, gul, a caoidh;
 'S iad air an claoideh a nis le bas.

Is faic an rughadh tha sna speur',
 Is doinionn thein' a seid anuas;
 Na h-aingidh leagheadh sios mar cheir!
 Is deatach Shodom 'g eiridh suas.

Sa ris le ionghnadh seall a naird
 Is faic an t-Ard Rigli air a chrann?
 An claidheamh dusgadh, 's fhuil ga dort',
 Is anam brónach, craiteach, fann.

Sa 'm b' eigin Dhasan nach d' rinn peac,
 Airson a pheac' bhi air a phian?
 Is thusa ciamar theid thu as,
 Ma gheibhear dh' easbhuidh thu air Criod?

Nach cluinn thu ghlaodh gu tric tha shuas,
 Is dh' fhaodadh fhuaim dol troimh do chridh;
 "Nach gearr thu sios a chrionaich Ghrod
 Carson a dh' phasaicheadh i 'u tir."

Is faic mar tha gu dian an toir—
 Air t' anam leonta Ceartas Dhia;
 Mar chlainneamh lasrach, sgaiteach, geur,
 Gu caitheamh, reubadh, sgriosadh, pian'.

"Cia tric a chladhaich thu ri taobh,
 Cia tric rinn aolach chuir ma bun;
 Ach toradh maith cha d' ghiulan riamh,
 Oir 's dearcan fiadhaich e gu tur,

"Nach faic thu n' ait bhi dol na 's fearr,
 Gur ann a tha e fas na 's mios' ;

Na 's raig na 's doille, is na 's cruidh,
 'S e 'n comhnuidh tional cual gu sgrios.

" Is minig nuair a bhà e tinn,
 A gheall e cinnteach dhiutsa geill ;
 'S cha luaith' a dh' aisigeadh tu shlainnt',
 Na bheireadh e do 'd naimhaid speis,

" An ait thu theachd da fhichead mios,
 Tri fishead bliadhna thainig 's corr,
 A dh' iarruidh toradh, ach cha d' fhuair,
 'S nach d' thoir thu 'n tuagh dhomh nis am dhorn.

An saoil thu dhuine 'm bheil e fior,
 Na nithibh chuir mi sios am dhan ?
 Ma tha nach mithich dhuits' bhi triall,
 A dh' ionnsuidh dion, ma 'n d' thig ám bas.

Se 'n sgeul is aoibhnich chualas riamh,
 Ga 'n d' ullaich Dia, deagh bhaile Dion ;
 A dh' ionnsuidh 'm faod am marbhaich' truagh,
 Grad ruith gu luath o'n chlaidheamh dhian.

Is daighneach ladair, glormhor e,
 Nach crith a ghaoith, 's nach leag an tuil ;
 'N coimh-cheangal nuadh air fhaicinn ann,
 'S gach bann dheth seulaichte le fhuil.

Tha 'n dorus fosgait fad an là,
 Is air an ard-dorus tha sgriobht ;
 " O anam crejd, is bithidh tu beo.
 Is thoir a ghloir do Righ nan Righ."

Sa 'n daighneach so tha rum, is doigh,
 An t-aran beo, 's gun ghainne fion ;
 Do 'n anmhunn bainne fior-ghlan beo,
 'S do 'n ladair, porsan do 'n laogh bhiaght.

Ged 's fhad on sgaoileadh mach ain bord,
 'S ge ioma dh'ol, sa dh' ith an sath ;
 Tha e cho paitl do 'n h-uile seors',
 Sa bha e 'n tus, is bithidh gu brath.

Tha 'n cuireadh saor do 'n h-uile neach,
 A thighinn steach, sa bhi aig sith ;
 Cha duinear aon a thig a mach,
 Oir sann tha chuirm air cosd' an Righ.

Is gheibh an lomnochd comhdach ann,
 Gheibh am fann ann beath is lugh ;
 An t-euslan gheibh ann slaiunt, is treoir,
 Na bochdan stor, sua doill an iul.

Tha reit', is sith ri Dia gu brath,
 A laithreachd, 's fhabhar ainn mar ghrian ;
 Tha furtachd, sonas, iochd, is blaths,
 A comhàuidh ghnath sa bhaile dhions'.

Cha 'n 'eil e idir fad 'o laimh,
 'S cha 'n iarrar paidheadh ort na gniomh ;
 Tha 'n geatadh fosgaitl' fad an la,
 Is ann, ma 's aill leat, gheibh thu dion.

AN CLAR INNSIDH.

	PAGE.
1. GRADH CHRIOSD,	3
2. TROCAIR DHE,	7
3. CUMHACHD DHE NA FHREASDAL,	10
4. CRUAS CRIDHE,	12
5. SLAN LEIBH,	14
6. LAOIDH DO 'N SPIORAD NAOMH,	16
7. AN CRIDHE BRUISTE,	17
8. AN DARA CUID,	19
9. MISNEACH DO 'N FHEAR-THURUS,	21
10. GAIRM DO SHION,	24
11. DEAGH DHURACHD,	29
12. CRIOSDUIGH,	32
13. COMH-FHURTACHD,	34
14. BAS CRIOSDUIGH OG,	36
15. SGAOILEADH A BHIOPUILL,	41
16. IOMPACHADH,	44
17. TAISBEAN,	48
18. LANACHD A BHIOPUILL,	54
19. AM BAILE DIDEANN,	59

10427.1.10.1.1

6
7
61
21
61
01
71
01
12
42
62
52
82
02
13
61
46
04

1. *Constitutio ad regiam* 1.
2. *Constitutio ad regiam* 1.
3. *Constitutio ad regiam* 1.
4. *Constitutio ad regiam* 1.
5. *Constitutio ad regiam* 1.
6. *Constitutio ad regiam* 1.
7. *Constitutio ad regiam* 1.
8. *Constitutio ad regiam* 1.
9. *Constitutio ad regiam* 1.
10. *Constitutio ad regiam* 1.
11. *Constitutio ad regiam* 1.
12. *Constitutio ad regiam* 1.
13. *Constitutio ad regiam* 1.
14. *Constitutio ad regiam* 1.
15. *Constitutio ad regiam* 1.
16. *Constitutio ad regiam* 1.
17. *Constitutio ad regiam* 1.
18. *Constitutio ad regiam* 1.
19. *Constitutio ad regiam* 1.
20. *Constitutio ad regiam* 1.



memory



